

Cuspair Clàir-ghnothaich	6
Àir. Aithisge	G/3/25

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 26 Gearran 2025

Tìotal Aithisge: Maoineachadh Reachdail – Plana na Gàidhlig

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt maoineachadh gach bliadhna do bhuidhnean Gàidhlig gus taic a chur ri bhith a' libhrigeadh thachartasan agus gus builean ro-innleachdail Plana na Gàidhlig a libhrigeadh.
- 1.2 Tha an aithisg seo a' toirt fiosrachadh do Bhuill mun dòigh sa bheil Maoin Phlanaichean Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd air a riarachadh, ann an dà earrainn:
 - Aontaidhean Libhrigeadh Seirbheis
 - Tabhartasan Beaga (fo £5000)

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:
 - i. beachdachadh is aontachadh air mar a tha maoineachadh air a riarachadh airson buidhnean Gàidhlig;
 - ii. toirt fa-near gun toir atharrachaidhean a thaobh mar a tha am maoineachadh air a riarachadh buaidh dhìreach air buidhnean eile. Tha na riarachaidhean seo air an liostadh ann an 5.2;
 - iii. toirt fa-near gu bheil na buidhnean a tha air an liostadh còmhla ri buidhnean Gàidhlig eile a' faighinn taic tro mhaoineachadh com-pàirteach air stèidh bhliadhna, ach gu bheil am maoineachadh seo ag atharrachadh bho bhliadhna gu bliadhna a rèir nan targaidean sa Phlana Ghàidhlig (PG).

3. Builean

- 3.1 Goireas – Sirear maoineachadh airson PG a bhuileachadh tro Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd agus sruthan maoineachaidh eile, mar a tha iomchaidh. Bidh Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig (TSG) bho

Riaghaltas na h-Alba agus Maoin Phlanaichean Gàidhlig (MPG) bho Bhòrd na Gàidhlig (BnaG) a' toirt maoin eachdraidh seachad mar thabhartas bliadhnail gus taic a chur ri bhith a' libhrigeadh PG.

- 3.2 Laghail – Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd Plana Gàidhlig fhoillseachadh is a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ('Ahd 2005').
- 3.3 Cunnart – Thathar an dùil gun lùghdaich na h-ullachaidhean a tha air am mìneachadh san aithisg seo an cunnart nach eilear a' coileanadh nam builean ann am Plana Gàidhlig 2024–29.
- 3.4 Gàidhlig – 'S e frèam-obrach reachdail a th' ann am PG trom bi Comhairle na Gàidhealtachd a' cur taic ri cànan is cultar na Gàidhlig. Mar sin, tha builean na h-aithisg seo math airson na Gàidhlig.

4. Buaidhean

- 4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.
- 4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.
- 4.3 'S e aithisg sgrùdaidh agus/no ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd

- 5.1 Tha eachdraidh fhada is shoirbheachail aig a' Chomhairle de bhith a' co-obrachadh le buidhnean eile gus taic a chur ri gnìomhan is pròiseactan Gàidhlig.

Tha maoin eachdraidh bliadhnail nam pròiseactan air a chur ann an òrdugh prìomhachais a rèir 's mar a thathar a' co-thaobhadh leis na prìomhachasan ro-innleachdail thar ùine a' Phlana Ghàidhlig. A rèir comhairle bho Bhòrd na Gàidhlig, tha buidhnean air an ainmeachadh ann an earrainn a' chleachdadh làithrich. Tha seo a' toirt cothrom dhan Chomhairle subailteachd a ghleidheadh a thaobh mar a thathar a' riarachadh ghoireasan, fhad 's a thathar a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' co-thaobhadh ri Prìomhachasan Ro-innleachdail a' Phlana Ghàidhlig.

Tha na gnìomhan a' dearbhadh an dealais do dh'obrachadh com-pàirteach le buidhnean ionadail is nàiseanta a tha an lùib ealain, cultar is ceòl Gàidhlig.

- 5.2 Lorg Buidheann-obrach Gheàrr-bheatha Riaghaltas na h-Alba air Cothroman Eaconamach is Sòisealta don Ghàidhlig: [ceangal](#) gun robh na prìomh raointean a bha a' tabhann nan cothroman a b' fheàrr airson a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig gu sòisealta agus airson na buannachdan eaconamach a b' fheàrr a thoirt às a' Ghàidhlig a' gabhail a-steach foghlam, solar sheirbheisean poblach, tràth-bhliadhnaichean is cùram sòisealta, na gnìomhachasan cruthachail, cultar, dualchas, turasachd agus

spòrs. Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt seachad maoineachadh ro-innleachdail do bhuidhnean a tha a' libhrigeadh phròiseactan is ghnìomhan a tha a' toirt taic do chothroman eaconamach is sòisealta thar nan roinnean seo.

- 5.3 Tha eòlas farsaing agus cliù làidir aig na buidhnean Gàidhlig ann an 5.2 airson a bhith a' coileanadh deagh thoraidhean airson na Gàidhlig thar na Gàidhealtachd.

Tha Fèisean nan Gàidheal (FnG); An Comunn Gàidhealach (ACG); Fèis Rois (FR); FilmG agus Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA) air taisbeanaidhean a thoirt seachad do Chomataidh na Gàidhlig gach bliadhna no sna 3 bliadhna mu dheireadh, a' sealltainn gu bheil iad air a bhith soirbheachail ann a bhith a' toirt deagh bhuaidh air raon farsaing phròiseactan. Tha Comhairle na Gàidhealtachd fhathast dealasach a thaobh a bhith a' togail air a seo le bhith a' gabhail nam buidhnean seo a-steach mar chom-pàirtichean taobh a-staigh earrann cleachdadh làithreach a' Phlana Ghàidhlig.

6. Maoin Phlanaichean Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd – Sruth Ro-innleachdail

- 6.1 Tha Maoin Ro-innleachdail nam Planaichean Gàidhlig air a stiùireadh le Sgioba na Gàidhlig às leth Chomhairle na Gàidhealtachd. Tha a' mhaoin air a dealbhachadh gus Comhairle na Gàidhealtachd a chuideachadh gus obrachadh le com-pàirtichean agus buidhnean air na gealltanasan libhrigidh sa Phlana Ghàidhlig aca. Tha am maoineachadh ag obrachadh ann an dà shruth:

- An Sruth Ro-innleachdail – 3 buidhnean le 4 aontaidhean libhrigeadh seirbheis bliadhnail
- Sruth nam Pròiseactan Tabhartais – 4 buidhnean/pròiseactan

- 6.2 Is iad na buidhnean Gàidhlig a bhios a' toirt taic do bhith a' libhrigeadh nam builean, tro bhith a' cleachdadh Maoineachadh Ro-innleachdail bliadhnail:

[An Comunn Gàidhealach \(ACG\) - Am Mòd Nàiseanta Rìoghail](#)

[Fèisean nan Gàidheal \(FnG\) - Blas](#)

[Fèisean nan Gàidheal \(FnG\)](#)

[Fèis Rois \(FR\)](#)

[Ainmean Àite na h-Alba \(AÀA\)](#)

[Comunn na Gàidhlig \(CNAG\)](#)

[Sabhal Mòr Ostaig \(SMO\)](#)

[FilmG – Astar Media](#)

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh le bhith a' cliogadh air na ceanglaichean gu gach buidheann. Tha na buidhnean seo stèidhichte sa Ghàidhealtachd no a' libhrigeadh tachartas no pròiseactan sa Ghàidhealtachd.

- 6.3 Tha Comhairle na Gàidhealtachd cuideachd ag obair còmhla ri buidhnean eile agus buidhnean treas-phàrtaidh gus taic a chur ri builean a' Phlana. Tha an obair seo ag atharrachadh o bhliadhna gu bliadhna agus tha i an crochadh air na targaidean a tha

air am mìneachadh sa Phlana. Tha seo air a mhaoineachadh le Tabhartas Sònraichte Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba agus Aonta Maoineachadh Ro-innleachdail bho Bhòrd na Gàidhlig.

Thathar ag aithneachadh gu bheil an t-iarrrtas airson maoineachadh gu tric nas motha na na goireasan a tha rim faotainn agus mar sin tha còmhraidhean leantainneach a' dol air adhart le buidhnean gus sgrùdadh a dhèanamh air dòighean innleachdach gus buaidh a mheudachadh agus dèanamh cinnteach à seasmhachd.

- 6.4 Tha am maoineachadh do na buidhnean Gàidhlig a tha air an liostadh air a thoirt seachad air stèidh bhliadhnail. Tha aontaidhean libhrigeadh seirbheis bliadhnail aig FnanG, FR, Blas agus ACG agus tha seo a' mìneachadh nam builean a chaidh aontachadh eadar a' bhuidheann agus Comhairle na Gàidhealtachd.

Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air na h-aontaidhean seo ri linn a' Phlana Ghàidhlig ùir agus bidh Sgioba na Gàidhlig a' togail ceangal leis na trì buidhnean, agus le Sgioba Solarachd na Comhairle gus na h-ath cheumannan aontachadh.

Bidh Sgioba na Gàidhlig ag obair ann an com-pàirteachas dlùth agus leantainneach leis na buidhnean a bhios a' faighinn nan tabhartasan beaga, a' libhrigeadh phròiseactan ann an com-pàirteachas no ag obair gu dlùth air pròiseact tabhartais a bharrachd air pròiseactan eile a tha air am maoineachadh tro TSG no MPG.

- 6.5 Tha an clàr a' sealltainn mar a chaidh am maoineachadh iomlan de £178,484* a riarachadh airson 2024/25.

	2024–25	% de Thabhartas
ACG (Am Mòd Nàiseanta Rìoghail)	37,500	21
FnanG (Blas)	62,869	35
FnanG*	37,794	21
Fèis Rois	29,121	16
AÀA	3,840	2
CnaG	4000	2
UHI/SMO	2,400	1
Pròiseact FilmG	960	0.2

*Thathar an dùil gum bi maoineachadh airson 2025/26 aig an aon ìre ri 2024/25 ach chan urrainnear seo a dhearbhadh gus an tèid buidseat 2025/26 aontachadh leis a' Chomhairle.

Chan eil riarachaidhean ioma-bhliadhna air an toirt seachad aig an àm seo air sgàth pròiseas aonta buidseit na Comhairle agus inbhe neo-chùmhnantach nan aontaidhean. Mar shuidheachadh àraid, chaidh co-dhùnaidhean a dhèanamh roimhe am Mòd Nàiseanta Rìoghail a mhaoineachadh air stèidh 4/5-bliadhna gus am biodh am buidseat a' tarmachadh chun na sùim iomlain a bha a dhìth gus an tachartas a mhaoineachadh nuair a tha e sa Ghàidhealtachd. Feumar an t-aonta seo aontachadh tro Chomataidh Ghoireasan Corporra na Comhairle.

- 6.6 Bidh Loch Abar a' toirt aogheachd dhan Mhòd Nàiseanta Rìoghail san Dàmhair 2025 agus tha sin a' ciallachadh gum bi an Cùmhnant Libhrigeadh Seirbheis làithreach leis a' Chomunn Ghàidhealach a' tighinn gu crìch san ath bhliadhna ionmhasail.

7. Co-labhairt na Gàidhlig

- 7.1 Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' cumail Co-labhairt Ghàidhlig ann an Cùirt an Easbaig air 1 Cèitean 2025. Tha a' cho-labhairt ag amas air cuireadh a thoirt do luchd-ùidhe coinneachadh agus beachdachadh air dòighean gus a' Ghàidhlig a mheudachadh mar sho-mhaoin eaconamach is cosnadh sa Ghàidhealtachd.
- 7.2 Mar phàirt dhen deagh obrachadh com-pàirteach againn, thèid cuireadh a thoirt do na buidhnean a bhios a' faighinn maoin eachadh tabhartais, gus com-pàirt a ghabhail no prìomh òraidean a lìbhrigeadh, gus sealltainn mar a tha an obair aca a' toirt buaidh dhìreach air so-fhastachd agus air an eaconamaidh air a' Ghàidhealtachd.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Eadar-amail Foghlam Thràth-bhliadhnaichean agus Bun-sgoile

Ceann-latha: 30 Faoilleach 2025

Ùghdaran: Lena Walker, Eoina Rodgers, Mòrag Anna NicLeòid Mitchell

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

Eàrr-ràdhan: